



AM PATCH SA CHRANN

Fhuair mise grèim air ròpan a' chruinn aic' an uair sin 's tharraing mi mi fhìn an-àirde. Chaidh mi suas ann. Pìos math, 's thàinig balach eile nuas às mo dhèidh. Bha mise a thaobh shuas air agus bha esan bìdeag air mo thaobh shìos, 's a' chiad droch mhuir a thàinig, dh'fhalbh e leis a' bhalach – mus d' fhuair mi air dùrd a ràdh ris. Dh'fhalbh e leis – chan eil càil a dh'fhios agam cò bh' ann. Co-dhiù, chaidh mi suas pìos eile rithist 's chaidh mi mu dheireadh suas cho fad 's a bha ròp ann. Bha mi breith gu math *tight* air a' chrann 's bha e cur seachad tòrr orm. Cha robh mise a' faicinn duine beò, ach thòisich mi coimhead dithis air *riggings* a' chruinn-toisich aic'. Agus bha iad ann a sin – chanainn gun robh iad dhà no trì uairean a thìde ann co-dhiù shuas fèir mar a bha mi fhìn. Ach thàinig fairge mhòr a-rithist; is ged a bha an t-soitheach an dèidh a dhol chun a' ghrund, mar a chanas iad, nuair a bha an fhairge tighinn bha na cruinn a' dol an-àirde na h-uimhir 's bha iad a' dol sìos a-rithist an aghaidh na fairge. Rug am fear ud oirre is na cruinn an dèidh a dhol sìos ann an cùl an tonn eile, 's an dèidh dhan a' chiad fhear a dhol seachad, chaidh i sìos; is an ath fhear, rug e air na cruinn shìos. Agus 's e sin am fear a bhris an crann-toisich aic' – nuair a dh'èirich e an-àirde ann an cabhaig, bhris an crann-toisich leis an dà bhalach eile agus shad e mise 's bha mi slaodte ris air aon làimh an uair sin. Ach fhuair mi air a dhol air a-rithist. 'S ann an uair sin a bu mhotha ghabh mi dh'eagal gu lèir. Bha mi smaoineachadh nuair a chunnaic mi 'n crann ud a' briseadh nach robh fear eile fada aige ri



dhol a bharrachd. Ach bha e slàn gu 'n d' fhuair mise dheth. Cha robh mòran ann dhith ach e fhèin. Cha robh an uair sin duine beò agams' ann ach mi fhìn – bhon uair sin gun tàinig an latha, chan fhaca mi duine tuilleadh.

Nuair a bhiodh fàth ann, bha mi blàthachadh an dàrna làimh 's a' cumail grèim leis an tèile. Bha mi na mo shuidhe, chan eil fios agam, tha mi smaoineachadh gur ann air *ring* a bha mi na mo shuidhe – mo chasan tarsainn mun a' chrann ann an sin agus bha *stay* agam fèir anns gach làimh. 'S bha mi leigeil às an dàrna tè is a' blàthachadh na làimh eile. Uill, bha mi air mo chumail cho *busy* co-dhiù 's nach robh mi uabhasach fuar ann, ged a bha mi an dèidh thighinn an-àirde às an fhairge. Cha robh fuachd a' cur càil orm. Chan eil mi a' smaoineachadh gun robh, co-dhiù. Ma bha, cha robh mi saolsinn càil dheth.

Mus tàinig an latha, bha mi coimhead solas air mo thaobh thall – am Patrol; thàinig am Patrol a-mach à Steòrnabhagh 's bha iad a' cumail thall air an loch. Cha b' urrainn dhaibh thighinn air àrainn an àit' ud idir, O cha b' urrainn – ged a bhiodh a' *lifeboat* a th' ann an-diugh ann, chan fhaigheadh i ann a bharrachd. Oidhche cho fiadhaich 's a bhios a' tighinn, tha mise smaoineachadh; frasan mòra sneachd, is e bh' ann an uair ud. Co-dhiù, thòisich a' ghaoth ri dol sìos is thàinig tuga agus trèilear a-mach à Steòrnabhagh agus dà eathar ceangailte riutha. Dh'aithnich mise gur ann ri tighinn a shealltainn air mo shon fhìn a bha iad; bha iad an dèidh faighinn *report* bhon a' Phatrol a bha seo, gun robh iad ri faicinn duine sa chrann. Is e eathar an trèileir a thàinig faisg an toiseach; bha iad ri tighinn a-steach chun an àite san robh mi ach b' fheudar dhaibh tilleadh; theab iad a dhol às an rathad; bha mise gam shaoilsinn fhìn na bu shàbhailte far an robh mi na bhith innte. Thàinig an uair sin tè bhon taobh eile is bha muir a' bristeadh air mo thaobh a-muigh. Is bha iad ag innse dhòmhsa gun do thòisich iad ri dòrtadh ola air a' mhuir. Thàinig bhon taobh eile eathar na tuga; thàinig i steach agus oifigear air charge aiste, fear le dà bhann, agus dh'èigh

e riumsa: *“Can you come down?”* Bha mise shuas ann am mullach a’ chruinn agus bha stay ri falbh às a’ chrann sìos gu toiseach an t-soithich. Thuir mi ris: *“If you bring the boat between the mast and the stay, I’ll come down.”* Is e sin a rinn e; bhacaig e an t-eathar eadar an crann is a’ stay is nuair a fhuair mise i dìreach fodham bha mi nuas mar chat air a’ stay agus chaidh mi fèir na broinn.

Dh’iomair iad air falbh; cha do rug càil oirnn is bha sinn a-mach à cunnart ann am mionaid. Chaidh mo thoirt air bòrd an tuga; bha mi cho làidir ri siud ri tighinn a-nuas ach nuair a ràinig mi an tuga cha b’ urrainn dhomh dìreadh innte. Cha b’ urrainn. Chaill mi mo neart anns an spot. Agus bha mi an uair ud cho math ri math.

